



Eilean Idhe

S15 (G)

Gleus Eb

Le Donnchadh MacIllFhaolain

Rann 1

1. 'S i ann - sachd mo chridh' 's i sol - as mo shligh', i cho
 m :- r : d | d : l : d | r :- :- | - :- : m . f
 bòidh - each, cho fin - ealt, cho tlàth; 'S i
 s :- . m : d | d' :- : t | l . f :- : l | s :- : f . f
 leug an taobh siar, an t - eil - ean beag ciar, Eil - ean
 m :- r : d | s i : t : r | d :- :- : d :-
 Idh - e mo chridh - e 's mo ghràidh.

2. Ged a sheòl mi an cuan gu na dùthchannan cèin
 Ged a chuartaich mi 'n saoghal gu lèir
 Chan eil àite fon ghrèin tha nas bòidhche leam fèin
 Eilean Idhe mo chridhe 's mo ghràidh.
3. Tha mi fad' nis bhod thràigh 's bho do thonnan len gàir
 'S mo chridhe fo mhulad 's fo phràmh
 Ach thèid mi fhathast air chuairt gu do mhachraichean uain'
 Eilean Idhe mo chridhe 's mo ghràidh.
4. Nan robh mi san speur mar uiseag air sgèith
 Anns an iarmailt cho gorm is cho ciùin
 Ort dhèanainn mo chùrs' anns an fheasgar le sunnd
 Eilean Idhe nan naomh, Idh' mo ghràidh.

The version of the melody provided should be sung as written but the rhythms of the notes can be sung taking account of Gaelic stresses and local dialect variations. Gaelic stresses and vowels take precedence.